

PLANA: PRÌOSANAICH COGAIDH - EISTEACHD AGUS LEABHAR LATHA



Eòlasan agus Builean

Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn iomchaidh is an cleachdadh gus smuaintean is fiosrachadh a thuigsinn is teacsaichean ùra a chruthachadh, le m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. **LIT 2-05a**

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, codhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh. Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d'fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-ìomchaidh. **LIT 2-25a**



Ceangalan eadar-chuspaireil

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil. **SOC 2-06a**



Co-theacsa, Goireasan agus Gnìomhan

Tobar an Dualchais Track 24665

<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/24665/39>

Geàrr-chunntas – Saighdearan air an glacadh agus nam prìosanaich cogaidh.

Tha dithis shaighdearan à Uibhist a Tuath ag innse mar a thachair às dèidh dha na Gearmailtich an glacadh aig St Valery ann an 1940: mar a chaidh an toirt nam prìosanaich cogaidh gu campaichean anns a' Phòlainn, far an robh iad an grèim gu 1945.

Leig le na sgoilearan èisteachd ris a' chriomaig dà thuras.

Nuair a dh'èistean na sgoilearan ris a' chriomaig a' chiad turas, iarr orra èisteachd airson fiosrachadh mun àm a chaidh an dà shaighdear a thoirt an grèim nam prìosanaich cogaidh anns a' Phòlainn.

Leig leotha èisteachd ris a' chriomaig a-rithist. An turas seo, iarr orra notaichean a



sgrìobhadh fhad 's a tha iad ag èisteachd. Theirig thairis air na cinn air an duilleig mus èist iad ris a' chriomaig. Can riutha facail agus abairtean a sgrìobhadh gus am bi fiosrachadh aca mu dè thachair do Mhurchadh agus do Archie nuair a chaidh iad an toirt nam prìosanaich.

Iarr air na sgoilearan na notaichean aca a chleachdadh gus loidhne-tìm a chruthachadh agus gus duilleagan leabhar-latha a sgrìobhadh.

Cleachd an dòigh 'Think-Pair-Share' gus am fiosrachadh a chuala na sgoilearan a dhearbhadh. Dè am fiosrachadh as cudromaiche a chuala iad? Biodh cinn deiseil aig an neach-teagaisg airson stiùireadh a thoirt air dè na cuspairean air am bu chòir bualadh sna leabhraichean-latha aca.

Theirig thairis air an stoidhle anns a bheil leabhar-latha air a sgrìobhadh.

Cruthaich Builean Soirbheachaidh còmhla ris na sgoilearan.

Leudachadh

Dà òran mu St Valery

<http://www.thmllearning.co.uk/gd/resources/gaelic-resources-2.html>

B' ann à Uibhist a Tuath a bha na gillean a th' air an ainmeachadh san òran seo. Bha iad nam prìosanaich aig na Gearmailtich nuair a chaidh an 51mh Roinn a chur an grèim ann an St Valery en Caux san Ògmhios 1940.

Sgrìobh Dòmhnall Iain Dòmhnallach an t-òran 's e air a shlighe dhan Ghearmailt nuair a chaidh an 51mh Roinn Gàidhealach a chur an grèim ann an St Valery ann an 1940.

Measadh

CRUTHAICH

Cruthaich loidhne-tìm gus sealtainn na thachair do na saighdearan nuair a chaidh an cur an grèim ann an St Valery

DÈAN

Èist ri clàradh de chòmhradh a chaidh a dhèanamh le dithis a bha roimhe nam prìosanaich cogaidh agus gabh notaichean.

CAN

SGRÌOBH

'S urrainn dhomh notaichean a chur ann an òrdugh gus teacs ùra a chruthachadh



HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis



A' cur gu feum



A' cruthachadh



A' luachadh

A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



Na Ceithir Comasan

Soirbheachail:

'S urrainn dhomh mi-fhèin a chuir ann an àite dhuine eile gus duilleag leabhar latha a chruthachadh a dh' innsis cò ris a bha e coltach a bhith nad phrìosanach aig àm a' chogaidh.

Misneachail:

Cunntasach:

Èifeachdach:

Co-fhaireachdainn a bhith agam do mo cho-chreutairean



Sgilean:

Ag èisteachd

A' sgrìobhadh